



HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

# **Mar a sgrìobhar Aithris Comasachd**

**ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL ALBA**



HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

## CLÀR-INNSE

1. Tuairisgeulan Obrach
2. Aithris Comasachd
3. Mar a sgrìobhar Aithris Comasachd



## Tuairisgeulan Obrach

Tha tuairisgeul obrach gu h-àbhaisteach a' mìneachadh nan sgilean, trèanadh is foghlam a tha riatanach do chosnaiche a tha san amharc. Minichidh e dòchasan an fhastaiche a thaobh ball ùr sam bith den luchd-obrach san amharc. Cuidichidh leughadh mionaideach air seo le tuigse a thoirt dhut air an dreuchd.

### Fiosrachadh bunaiteach

Tha seo gu h-àbhaisteach ri lorg aig mullach an tuairisgeil obrach agus bu chòir dha a bhith a' còmhachadh:

- Tìotal na h-obrach
- Seòrsa cùmhnant (maireannach, ùine stèidhichte, àireamh uairean san t-seachdain)
- Raon tuarastail / tuarastal tòiseachaidh
- Ainm conaltraidh / mion-fhiosrachadh
- Ceann-latha dùnaidh

### Mun dreuchd agus an sgioba

Tha seo a' còmhachadh fiosrachadh a dh'fhaodadh deagh bheachd a thoirt dhut mu dheidhinn cò ris a bhios obair san dreuchd sin coltach bho latha gu latha. Dh'fhaodadh mion-fhiosrachadh a bhith a' gabhail a-steach:

- Adhbhar na h-obrach
- Àireamh de bhuill san sgioba
- A bheil siubhal, sioftaichean, còrr-ùine is eile, air iarraidh?

### Dleastanasan

Is e àite math a tha seo airson do sgilean gluasadach agus d' fheartan pearsanta a sgrùdadh agus dearbhadh am biodh tu comasach air an dreuchd a ghabhail os làimh. Bidh an earrann seo a' còmhachadh nam prìomh dhleastanasan as cudromaiche den dreuchd. Dh'fhaodadh gum bris e sìos mar:

- Uallachaidhean sònraichte
- Pròiseasan is innealan a dh'fheumas tu a chleachdadh
- Prìomh luchd-earrannan ris am biodh tu a' dèiligeadh
- Sgilean, giùlanan agus gnìomhachdan a bhiodhte a' dùileachadh dhut a thaisbeanadh.

### Sònrachadh pearsanta / slatan-tomhais

Seo far an dèan fastaiche liosta de na nithean sònraichte a dh'fheumas iad bhon neach-dreuchd. Dh'fhaodadh seo a bhith:

- Sgilean / Eòlas
- Fiosrachadh
- Teisteanasan



<b><u>Slatan-tomhais riatanach</u></b>	Fìor dheatamach / do- thràchdte	<b><u>Ion-mhiannaichte</u></b>	Neo-èigheachail ach cuideachail le do thagradh
--	------------------------------------	--------------------------------	--

### Cuideachaidhean is Molaidhean:

- Feuch gun leugh thu an tuairisgeul obrach mus crìochnaich thu an aithris comasachd oir tha e a' toirt seachad an fhiosrachaidh uile mun dreuchd a tha ga sanasachadh, a thuilleadh air fiosrachadh mu na comasachdan a tha riatanach no ion-mhiannaichte don dreuchd.
- Thoir an aire do na facail a tha air an cleachdadh san tuairisgeul obrach. Feuch ri cànan coltach ris atharrais no a chleachdadh san CV no san tagradh agad. (*m.e. "misneachail", "deimhinneach", "tionnsgaineach"*)

### Aithris Comasachd

Tha Aithris Comasachd a' mìneachadh mar a tha do sgilean agus eòlas a' coileanadh nan slatan-tomhais sònraichte a tha am manaidsear trusaidh a' sireadh arson na h-obrach dha bheil thu a' tagradh. Tha e nas motha co-thaobhaichte ri aithris phearsanta no litir còmhach. Faigh tuilleadh fiosrachaidh mu sgrìobhadh aithris comasachd, gu h-ìosal:

### Cuideachaidhean is Molaidhean:

- Cha bu chòir aithris comasachd a bhith nas fhaide na dà thaobh duilleig A4. Feuch nach fheuch thu ri cus a sparradh ann.
- Bu chòir dha a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh cudromach co-cheangailte ris na slatan-tomhais sònraichte san tuairisgeul obrach. Seachain ath-aithris.
- Dèan dearbh-leughadh agus sgioblachadh. Is dòcha faighneachd do cho-obraiche no caraid an tagradh agad ath-sgrùdadh.
- Cleachd facail gnìomha: Lean, Rèiteach, Stiùireadh, Eagraichte, Smachd, Conaltradh, Sgrùdadh, Buileachadh, Co-dhùnadh, Ceannardas, Coileanadh, Càradh, Planadh.
- Dealbhaich d' aithris comasachd dìreach gus a bhith buntainneach don dreuchd dha bheil thu a' tagradh.
- Dèan cinnteach gun gabh thu a-steach am fiosrachadh uile a dh'iarr iad san tuairisgeul obrach.
- Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh uile onarach agus buntainneach. Thoir às ceàird-chainnt no dèan cinnteach gun toir thu cunntas iomlan ort fhèin.
- Dh'fhaodadh gum bi e feumail dhut lethbhreac den aithris comasachd agad a chumail, airson iomradh ma gheibh thu cuireadh gu agallamh.



## Mar a sgrìobhar Aithris Comasachd – eisimpleirean

### 1. Seachain iomraidhean gnèitheach air do chomasan

Far an gabh e dèanamh, thoir seachad eisimpleirean brìgheil a tha a' maidseadh do sgilean ri gnìomhachdan sònraichte no ri toraidhean gnothachais beantainneach air an robh thu ag obair nad shaoghal dreuchdail. Is urrainn do thagraiche sam bith a ràdh gu bheil sgil ion-mhiannaichte aca. Gus barail math a chosnadh, feumaidh tu eisimpleirean de do sgilean ann an gnìomh a shealltainn do mhanaidsearan trusaidh. Mar eisimpleir:

*Ro neo-shoilleir:* “Bhiodh na sgilean agam fìor fhreagarrach don bhuidheann agaibh.”

*Nas mionaideiche:* “Nam dhreuchd mar stiùbhard, tha agam gu tric ri seirbheis luchd-ceannach sàr-mhath a thoir seachad ann an suidheachadh doirbh air an làraich. Leithid a bhith a' dèanamh fuasgladh air cùisean thiogaidean, freagairt cheistean luchd-ceannach no toirt cuideachadh do luchd-ceannach. Tha mi moiteil gu pearsanta agus gu proifeiseanta ann a bhith a' dol os cionn dhùilean luchd-ceannach.”

*Ro neo-shoilleir:* “Is e cluicheadair sgioba for-ghnìomhach a th' annam.”

*Nas mionaideiche:* “Nam obair làithreach, stiùir mi an leasachadh air iomairt ath-chuairteachaidh is lùghdachaidh sgudail air an taobh a-staigh. Chuir mi sgioba de shaor-thoilich còmhla a bha dìoghrasach mun cheann-uidhe. Còmhla, chuir am buidheann seo ri lùghdachadh de 25% ann an toradh sgudal cruaidh sa chompanaidh taobh a-staigh sia mìosan.”

### 2. Cùm goirid e agus pongail

Cuimsich air a' mhion-fhiosrachadh as cudromaiche don obair. Leugh an tuairisgeul obrach gu mionaideach gus riatanasan na h-obrach a thuigsinn. Smaoinich air eisimpleirean bhon àm a dh'fhalbh agad a tha freagarrach do na riatanasan sin, a' gabhail a-steach nan coileanaidhean proifeiseanta as cudromaiche dhut. Tagh aon no dhà agus maidsig iad dìreach ris an eòlas riatanach no teisteanasan a tha am manaidsear trusaidh a' sireadh, a' cleachdadh dìreach beagan sheantansan mionaideach agus pongail. Dè na feartan no giùlanan a tha am fastaiche air iarraidh san tuairisgeul obrach.

### 3. Eisimpleirean

Seo dà eisimpleir. An toiseach, leugh an tuairisgeul obrach, an uair sin leugh an aithris chomasachd.

#### **Eisimpleir 1: Cuidiche Rianachd**

##### **Tuairisgeul Obrach**

San dreuchd seo, bidh tu a' cur taic ri manaidsearan agus co-obraichean aig àrd-ìre le bhith a' stiùireadh am mìosachain, a' rèiteachadh siubhal, a' faidhleadh aithisgean caiteachais, agus a' dèanamh ghnìomhan rianachd eile.

Bidh sgilean làidir eadar-phearsanta, aire do mhionaideachd, agus sgilean fuasglaidh cheistean, deatamach do shoirbheachadh.



#### Teisteanasan:

- Eòlas dearbhte ann an toirt seachad taic rianachd àrd-ireil do sgiobaidhean eadar-mheasgaichte ann an àrainneachd ghnìomhach.
- Foghlam colaiste no eòlas obrach de a leithid.
- Sgilean Microsoft Office sàr-mhath le cuideam air Outlook agus Excel.
- Fèin-bhrosnaichte agus àrd-eagraichte.
- Cluicheadair sgioba a dh'obraicheas gu math leis an stiùireadh as lugha.

### **Aithris Comasachd**

*Bu mhath leam tagradh airson dreuchd cuidiche rianachd aig HES.*

*Tha cliù dearbhte agam de shoirbheachadh ann an dreuchdan rianachd, gu h-àraid nam obair làithreach mar cho-òrdanaiche rianachd. Mar eisimpleir, chaidh mi air adhart gu for-ghnìomhach gus coinneamh a cho-òrdanachadh do ar n-àrd-stiùirichean an-uiridh. Chuir mi air dòigh siubhal agus àite-fuirich do bhuidheann de 15 manaidsearan bho air feadh a' bhuidhinn, biadh is gnìomhachdan, co-obrachadh le ar sgioba thachartasan air an taobh a-staigh, agus dèanamh cinnteach gun robh gach nì a' ruith a rèir a' chlàir thar na coinneimh dà-latha. Mar thoradh air an ais-fhiosrachadh dheimhinneach a fhuair mi às dèidh làimh, chaidh an t-uallach a thoirt dhomh an àireamh de luchd-frithealaidh aig an tachartas a dhùblachadh am-bliadhna, agus sgioba bhon taobha-staigh a stiùireadh gus an obair sin a choileanadh.*

*Tha sgilean sàr-mhath Microsoft Outlook, Excel agus Word agam agus tha mi air raon de eòlas rianachd a chosnadh a' gabhail a-steach stiùireadh mìosachain, rèiteachadh siubhal, agus faidhleachd aithisgean. Tha mo cho-obrachaidhean air mo mholadh airson mo sgilean eadar-phearsanta, aire do mhionaideachd agus sgilean fuasglaidh cheistean. Tha mi fèin-bhrosnaichte, eagraichte agus dealasach a thaobh obair gu co-obrachail ann an sgiobaidhean.*

*An dèidh dhomh ur buidheann a rannsachadh, tha mi toilichte fhaicinn gu bheil ur rùn agus ur lèirsinn a' maidseadh mo chinn-uidhe dhreuchdail fhìn. Tha mi a' faicinn gu bheil sibh a' suidheachadh inbhean àrda agus gu bheil cothroman adhartachaidh rim faotainn le daoine fèin-bhrosnaichte fa leth mar mi fhìn, an seo san RA agus thall-thairis.*

### **Eisimpleir 2: Cuidiche Ballrachd**

#### **Tuairisgeul Obrach**

*Tha sinn a' sireadh Cuidiche Ballrachd, gus a bhith mar phàirt den Sgioba Ballrachd is CRM. Bidh an dreuchd seo a' toirt taic don sgioba gus raon farsaing de sheirbheis luchd-ceannach is dleastanasan rianachd a choileanadh, ann an co-rèir ri Sgeama Alba Aosmhor.*



#### *Dleastanasan:*

- *Freagairt cheistean bho luchd-ceannach. Is e sin gairmean fòn, litrichean, puist-d agus coinneamhan aghaidh-ri-aghaidh.*
- *Ullachadh aithisgean mìosail le bhith a' toirt fiosrachadh bhon stòr-dàta tarsainn gu Excel.*
- *Frithealadh prìomh thachartasan ballrachd agus taisbeanaidhean trusaidh, a-mach à uairean oifis.*
- *Tadhailean air làrach gus buill eile den luchd-obrach a thrèanadh agus a chuideachadh.*
- *Soidhneadh buill suas gu Gift Aid.*
- *Obrachadh leis an stòr-dàta làithreach air bhunait làitheil, agus làn tuigse don t-siostam a leasachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur chlàran ùra don stòr-dàta, ùrachadh chlàran a th' ann mar-thà, agus rannsachadh is ceartachadh dhuilgheadsan sam bith.*

#### *Riatanasan Deatamach:*

- *Eòlas coitcheann rianachd / oifis.*
- *Eòlas dearbhte ag obair ann an àrainneachd a tha cuimsichte air luchd-ceannach.*
- *Fiosrachadh obrachail air pasgain Microsoft a' gabhail a-steach Word, Excel, agus Outlook.*
- *Aire mhath do mhionaideachd*

#### *Riatanasan Ion-mhiannaichte:*

- *Fiosrachadh math obrachail air stòr-dàta luchd-ceannach, gu h-àraid The Raiser's Edge.*
- *Eòlas air Gift Aid*
- *Cead dràibhidh no cothrom air modhan còmh-dhail neo-eisimeileach.*

### **Aithris Comasachd**

*Bu mhath leam tagradh airson Cuidiche Ballrachd aig HES.*

*Nam dhreuchd làithreach mar Chuidiche Fàilteachais, tha agam ri bhith àrd-eagraichte agus èifeachdach, ag obair ri cinn-ama teann agus prìomhachasan farpaiseach. Bha mo dhleastanasan làitheil a' gabhail a-steach dleastanasan fàilteachais, rèiteachadh litrichean, faidhleachd, clàradh choinneamhan, gabhail gheàrr-chunntasan aig coinneamhan sgioba, giullachd thabhartasan.*

*Gnìomhadh mar a' chiad neach-conaltraidh nam dhreuchd làithreach, tha eòlas dearbhte agam air obair ann an àrainneachd a tha cuimsichte air luchd-ceannach, a' coinneachadh*



*luchd-tadhail agus luchd-obrach nuair a thig iad air an làraich. Tha mi cuideachd air cuideachadh le tachartasan eagrachadh agus a fhrithéaladh do dh'àireamh de dhiofar luchd-earrannan. Bho na h-eòlasan sin, tha mi a' tuigsinn cò ris a tha seirbheis luchd-ceannach coltach agus a' creidsinn gu bheil na sgilean seirbheis luchd-ceannach agam airson dàimhean deimhinneach a thogail 's a chumail suas, gus a bhith sàr-mhath ann an dreuchd seirbheis luchd-ceannach.*

*Tha eòlas àibheiseach agam ann an cleachdadh Microsoft Office agus tha sgilean IT agus àireamhachd sàr-mhath agam. Nam dhreuchd roimhe mar Oifigear Roile-pàighidh, bha agam ri aire mhath a thoirt do mhionaideachd gus dèanamh cinnteach gun robh am fiosrachadh a bha mi a' cur a-steach do chliath-dhuilleagan excel no don t-siostam Fusion ceart agus mionaideach, agus cùisean / mearachdan le pàigheadh chosnaichean a sheachnadh. San dà chuid mo dhreuchd làithreach is roimhe, bha mi a' cleachdadh Outlook airson obair choitcheann sgrìobhaidh agus ceistean luchd-ceannach a fhreagairt. Tha am measgachadh seo de eòlas air misneachd a thoirt dhomh a bhith ag obair gu neo-eisimeileach tarsainn diofar phrògraman is bathar-bog. Is urrainn dhomh am fiosrachadh agus an t-eòlas a th' agam a fhreagarrachadh, a' cleachdadh stòran dàta gus obrachadh gu h-èifeachdach air siostam Raiser's Edge.*

*A thaobh nan riathanasan ion-mhiannaichte airson na dreuchd, tha làn chead dràibhidh na RA agam. Tha eòlas obrachail agam cuideachd air Gift Aid, an dèidh a chleachdadh ann an diofar chomasan san àm a dh'fhalbh.*

*Tapadh leibh airson m' aithris ath-sgrùdadh. Tha mi a' coimhead air adhart ri coinneachadh ribh airson agallamh.*